Blair 456.

DLEASNAS MÒR CREIDSINN ANN AM MAC DHÉ.

Is e aon de na ceud fhoillsichidhean a tha air a dheanamh, 'n uair a tha Spiorad Dhé a' toirt air lannan an aineolais tuiteam o inntinn a' pheacaich le 'ghràs slàinteil, fheuchainn dha co òirdheirc, co freagarrach, agus co feumail 's a tha 'n Tighearn Iosa Criosd, 'n a phearsa ghlòrmhoir, agus anns na sochairibh do-mheas a tha e 'buileachadh. "Tha Dia a thuirt ris an t-solus soillseachadh, a' dealrachadh anns na cridheachaibh aca, a thoirt soluis eolais glòire Dhé ann an gnùis, no am pearsa, Iosa Criosd." (2 Cor. iv. 6.) Agus is sona, is do-labhairt sona dhuinne, peacaich chiontach thruagha, gu 'm bheil a leithid do Shlanuighear, agus do Fhearsaoraidh cumhachdach againn, neach trid 'iobairt luachmhoir agus 'eadar-ghuidhe bhuadhaich, a dh' fhaodas sinn a bhi air ar deanamh réidh ri mòrachd Dhé neochriochnaich naoimh, agus air an d' rinneadh eucoir agus trid a Spioraid agus a ghràis chumhachdaich, a dh fhaodas ar nadur ciontach a bhi air 'aiseag chum 'iomhaigh bheannaichte-san.

Le mòran na 's lugha do chall dhuinne dh' fhaodadh a' ghrian a tha 'dealrachadh 's an latha, agus a' ghealach agus na reultan a tha 'sgeadachadh na h-oidhche, a bhi

air am mùchadh, na gu 'm biodh ar n-anaman aineolach air, agus as eugmhais drùghaidh a bhi aig Grian ghlòrmhoir so na Fireantachd orra: (Mal. iv. 2.) is iad a thròcair agus a ghràs sàbhalaidh, solus agus beatha na cruitheachd so a's isle aig Dia, agus is iad a glòir agus a h-òirdheirceas aoibhneas agus ioghnadh nan saoghal gu h-àrd. Tha 'n t-iomlan de 'n eas-creidimh agus de 'n droch-rùn aig inntinnibh mi-dhiadhaidh, maille ri laigsinn creidimh, an-dochais a' chridhe, agus beag gràidh ann an Criosduidhibh tréibhdhireach, a' sruthadh, ann an ceumaibh eadar-dhealaichte, o 'n aineolas air an Fhearshaoraidh ghlormhor, agus dhiadhaidh so, a tha eolas air neo-chriochnach feumail agus tarbhach.

Faodaidh anam an duine bhi aineolach air deich mile ni, gun e lughdachadh ni sam bith d' a fhior shonas, ach tha 'n t-iomlan de na beannachdan a tha air an gealltuinn le Dia, agus a bhuineas do bheatha agus do dhiadhachd, air an toirt dhuinn trid eolais an Tighearna Iosa Criosd. Ma tha tròcair agus sith air am meudachadh dhuinn, is ann trid eolais Dé, agus Iosa Criosd ar Tighearn; (2 Phead. i. 2, 3.) agus is e dleasnas mòr a' Chriosduidh fas ann an gràs, agus ann an eolas ar Tighearn agus ar Slanuighir Iosa Criosd. (2 Phead. iii. 18.)

Tha Criosd cho uile-fheumail chum ar slàinte agus ar sonais, a's gu 'm bheil e neo-chomasach gur urrainn dhuinn a bhi air ar sàbhaladh as eugmhais-san. Tha sinn uile ciontach agus 'n ar peacaich fo dhìteadh le lagh naomh Dhé; 's esan ar n-iobairt-réitich agus ar fear-tagraidh mòr. (1 Eoin ii. 1, 2.) Tha sinn 'n ar peacaich laga agus gun treoir, le ar dol air seacharan o Dhia; 's esan an Tighearna 'n a aonar anns am bheil againn a mhàin neart agus fireantachd. (Esa. xlv. 24.) Tha sinn 'n ar creutairean neo-ghlan agus truaillte, ann an sealladh an Tighearn; 's esan Iosa ar fear-naomhachaidh. (Eabh. ii. 11.) Tha sinn a thaobh nàduir marbh agus neo-mhothachail air mhodh spioradail; tha esan 'n a spiorad a bheothaicheas. (1 Cor. xv. 45.) Is creutairean sinn a tha air ar buaireadh agus air ar sàruchadh; 's esan ceannard mòr ar slainte. (Eabh. ii. 10.) Is peacaich sinn fo àmhghar agus ann an eudochas; 's esan sòlas Israeil.

LIBRARY OF D 230 MY

(Lucais. ii. 25.) As eugmhais-san cha ni sam bith sinn ach truaighe agus an-dochas annainn fein ; ni a thug air Pol a ràdh, "Tha mi a' meas nan uile nithe 'n an call, air son ro-òirdheirceis eolais Iosa Criosd mo Thighearna : air son an d' fhuiling mi call nan uile nithe, agus measam gur aolach iad chum gu 'n cosnainn Criosd." (Philip. iii. 7, 8.)

Cha 'n 'eil ni sam bith a's sgriosaile do anamaibh dhaoine, agus na 's mò an aghaidh glòire gliocais agus tròcair neo-chriochnaich Dhé, ann an slainte trid Iosa Criosd, na spiorad féin-fhireanta agus féin-fhoghainteach. Cha 'n 'eil daoine anns an t-saoghal na 's faide o shlàinte trid Iosa Criosd, na a' mheud 's a tha 'g earbsadh 'n an airidheachd féin air son a bhi taitneach do Dhia, aig am bheil dùil ri neamh mar thoradh am fireantachd fein, agus a tha 'g earbsadh 'n an cumhachd agus 'n am maitheas féin gu 'n giulan d' a ionnsuidh. Tha Criosd e féin ag innseadh dhuinn "gu 'n téid na cis-mhaoir agus na striopaichean do rioghachd nèimh roimh 'n *leithide sin.*" (Mata xxi. 31, 32.)

Ciod air bith cho deadh-bheusach, maith, diadhaidh, agus cràbhach 's a shaoileas daoine iad féin a bhi, ma tha dùil aca gu 'n gabhar riu gu taitneach 's an àm a ta làthair, agus gu 'm faigh iad slàinte air a cheann mu dheireadh, air son an aobhair sin, aon chuid gu h-iomlan, no ann an cuid, tha iad 'g an cur féin suas mar fhirsaoraidh dhoibh féin—tha iad a' cur cùl ris an fhireantachd uile-iomlan aig Mac Dhé ; an aon fhireantachd a tha 'saoradh o chionta, agus a' cur an neobhrigh uile rùintean glòirmhor tròcair agus àrd-uachdranachd Dhé ann an slàinte an duine. (Gal. v. 2—4 ; iii. 1—22 ; agus Rom. xi. 6.) Do bhrigh "gu 'n do pheacaich na h-uile, agus gu 'm bheil iad air teachd gèarr air glòir Dhé ; agus air am faotainn ciontach 'n a fhianuis," (Rom. iii. 19, 24.) tha mallachdan uamhasach a' bhreitheanais agus an dìtidh shiorruidh air am maitheadh dhoibh sin a mhàin a tha toirt thairis dùil ri slàinte fhaotainn uatha féin, agus a tha a' gabhail rithe gu h-iomlan mar shaor thiodhlac gràis Dhé ann an Iosa Criosd. (Rom. v. 16, 17 ; agus vi. 23.)

Feumaidh Criosduidhean a bhi dichiollach ann an cleachd-

adh an iomlain do dhleasdanasaibh stuama agus diadhaidh, agus is e'n glòir agus an sonas an- coimhlionadh mar sin; ach is iad riarachadh agus fireantachd iomlan Chriosd, agus cha 'n i 'n umhlachd neo-iomlan acasan, a dh' fheumas a bhi 'n a fhireanachadh aca an làthair Dhé. Do bhrigh gu'n do ghlan an Tighearn Iosa ar peacanna d'a thrid fein, (Eabh. i. 3.) uime sin tha sùil aige ris an iomlan do chliu ar slainte, agus bithidh e aon chuid 'n a uile anns na h-uile, no gun bhi 'n a ni sam bith, a thaobh ar maitheanais agus gabhail ruinn le Dia fhaotainn: agus ni am fior Chriosduidh gàirdeachas ann an cùl a chur r'a oirdheirceasan, r'a 'fhireantachd, r'a shochairean, agus ris na h-uile ni 'bhuineas dha fein, chum 's gum bi an Tighearn Iosa 'n a aonar air 'àrdachadh. (Esa. ii. 11; agus 1 Cor. i. 30.) Agus tha feum againn air a shior ghràs gu ar cuideachadh, co maith r' a thoillteanas gu ar fireanachadh; oir as eugmhais-san cha 'n urrainn sinn aon ni a dheanamh a bhios taitneach do Dhia. (Eoin xv. 5.)

Biodh impidh air a cur air gach peacach de 'n chinnedhaonna, agus misneach air a toirt do gach aon aca creidsinn anns an Tighearn agus anns an Fhear-shaoraidh thròcaireach aig daoine, chum gu 'm faigh e uaithe beatha agus sonas siorruidh. Thugaibh fainear gu cùramach ciod a rinn Dia an Slanuighear. Chuir e thaobh a thrusgan mòralachd agus glòire chum e féin éideadh le 'ur feoil-se; thainig e o a chathair rioghail shuas, agus dh' irislich se e féin gu bàs a' chroinn-cheusaidh, a riarachadh ceartais Dhé air son bhur n-euceartan; agus thug e beatha mhaireannach agus slàinte gu ruig na dearbh dhorsan agaibh; agus nach gabh sibh ris? Tha e 'gealltuinn na h-uile uireasbhuidh feumail do bheannachdan airson anama agus cuirp a thoirt dhuibh, airson ùine agus siorruidheachd; (Salm lxxxiv. 11.) bhur dion o 'r n-uile naimhdibh spioradail; bhur saoradh o 'n pheacadh agus o ifrinn; agus nèamh agus e féin a bhuileachadh oirbh; agus an cuir sibh fathust cùl ris?

O! creidibh gur e bhur gliocas a's àirde, bhur dleasdanas do-sheachainte, bhur slàinte gu h-iomlan, sibh féin a thoirt suas air fad do chùram agus do stiùradh Mhio Dhé; gràdh a thoirt d' a phearsa ghlòrmhoir, striochd-

adh d' a uachdranachd shèimh, agus earbsadh 'n a chumhachd agus 'n a ghràs sàbhalaidh. Tha gach ni *Anns-an* g' a mholadh do bhur roghainn agus do bhur meas; co aca bheir sibh fainear a ro-oirdheirceas iongantach, na sochairean a tha e 'buileachadh, an sonas do-labhairt acasan a tha 'gabhail ris, no truaighean do-thuigsinn na muinntir a tha 'deanamh dimeas air, agus a' cur cul ris.

Smuainichibh air a ro-oirdheirceas do-labhairt, gus am bi bhur cridheachan air an lionadh le urram, ioghnadh, agus gràdh. (Is esan Tighearna na glòire; (1 Cor. ii. 8.) *Emanuel,* no Dia maille *ruinne;* (Mata i. 23.) An Dia mòr agus ar Slanuighear; (Titus ii. 13.) Iehobhah ar fireantachd-ne; (Ier. xxiii. 6.) Dia os ceann nan uile, beannaichte gu siorruidh; (Rom. ix. 5.) An Dia cumhachdach, an t-Athair siorruidh; (Esa. ix. 6.) A' sealbhachadh uile iomlanachd na diadhachd gu corporra; (Col. ii. 9.) Comh-ionann ri Dia ann an nàdur; (Philip. ii. 6.) "Siorruidh;" (Micah v. 2.) "Neo-chaochlaidheach;" (Eabh. xiii. 8.) "Uile-leirsinneach;" (Tais. ii. 18.) "Uile-chumhachdach;" (Tais. i. 8.) Do'm bheil na h-uile umhlachd agus aoradh a ghabhas toirt seachad gu bhi air an iocadh leis na h-uile creutair air neamh agus air talamh; (Eoin. v. 23; Taisb. v. 11—14.) An ceud aobhar agus a' chrioch a's àirde aig na h-uile nithe, leis an robh, agus air son an robh iad air an cruthachadh; (Colos. i. 16; Eoin i. 1—3.) A' sealbhachadh aig an aon àm uile oirdheirceasan an dà nàdur, nàdur Dhé agus nàdur an duine." (Eoin. i. 14, 15.) Ris am bheil gach uile chumhachd air neamh agus air talamh air an earbsadh; (Mata xxviii. 18.) A' riaghladh os ceann rioghachdan an domhain, (Mata viii. 26, 27.) an fhreasdail; (Dan. vii. 27; Sech. vi. 12, 13.) agus a' ghràis; (Eoin. v. 21; Gal. vi. 18.) Maille ris gur E am Breitheamh mòr agus òrduichte air beothaibh agus air marbhaibh, air cheann an latha dheireannaich. (Gniomh. xvii. 31.)

Mar a tha tuilleadh uisge ann an aon fhairge na tha ann an uile aimhnichibh na talmhainn, agus aig aon ghréin tuilleadh soluis na tha aig an iomlan de na reultan, is amhuil a tha anns an Tighearn Iosa Criosd tuilleadh glòir' agus oirdheirceis na tha anns an iomlan de shaogh-

ail, do dh' ainglibh, do nithibh taitneach, no ciod air bith a tha ionmhuinn air neamh no air talamh. Tha na h-uile oirdheirceas cruthaichte a' sruthadh uaithe-san, an sior earbsa ris-san, agus gun toileachadh sam bith as eugmhais-san. (Col. i. 15—19; Salm lxxiii. 25, 26.) Tha e na 's mo na an t-iomlan do mhaith ainsireil, mar a tha solus na gréine na 's mo na solus coinnle. Tha e na 's mo na 'n t-iomlan do bheannachdan spioradail, mar a tha an tobar na 's mo na na sruthain. Tha e na 's mo na 'n t-iomlan do shaibhreas nèamhaidh, mar a tha a' chraobh na 's mo na 'n toradh. Tha oirdheirceasan iongantach a phearsa ghlòrmhoir a tha do-labhairt, mòr agus urramach; is e fior neamh do shonas a bhi maille ris far am bheil e, gu bhi 'faicinn a ghlòire. (Eoin xvii. 24.) Bheir beagan eòlais air 'ionmhuinneachd bharraichte do 'n inntinn theòth-chridhich agus chreidich, aoibhneas do-thuigsinn, agus sòlas nèamhaidh. (1 Phead i. 8.) Nam biodh ceò muladach aineolais agus dorchadais pheacaich air 'atharrachadh o inntinnibh dhaoine, cha b 'urrainn doibh gun ioghnadh a ghabhail ri a ro-oirdheirceas ghlòrmhor agus shiorruidh, a tha neochriochnach agus do-rannsachaidh. (Ephes. iii. 8.)

Thugaibh fainear na sochairean luachmhor a tha 'n Tighearn Iosa Criosd a' buileachadh air na h-uile a tha 'creidsinn ann, chum's gu 'm bi mothachadh againn air an luach, agus gun aon fhois a ghabhail gus an sealbhaich sibh iad. Cha 'n 'eil Fear-saoraidh mòr agus beannaichte dhaoine a mhàin a' sealbhachadh aoidhealachd agus oirdheirceis neo-chriochnaich ann féin, ach tha e neo-chriochnach gràsmhor ann am buileachadh bheannachdan air dream eile. Tha 'n a ghràdh agus 'n a mhaitheas àirde agus doimhne, fad agus leud, a tha 'dol thar gach uile eòlas. (Eph. iii. 18, 19.) Tha lànachd sàsuchaidh bharraichte ann an Iosa Criosd, freagarrach do na h-uile uireasbhuidh, iarrtus, agus sonas aig anamaibh neobhasmhor a tha 'dol am mugha. Ann an Criosd air a cheusadh gheibh sibh iomlaineachd neo-chriochnach do fhìreantachd a' cur falach air bhur n-uile pheacannaibh. (1 Eoin. i. 7.) Saibhreas nach teirig do mhaitheas, a riarachadh bhur n-uile uireasbhuidh. (Philip. iv. 19.)

Pailteas gràis a cheannsachadh bhur n-uile anamiannan. (Mata. i. 21.) Gliocas do-rannsachaidh gu 'ur treòrachadh 'n ur n-uile shlighibh. (1 Cor. i. 30.) Comas uilechumhachdach a cheannsachadh bhur n-uile naimhdean spioradail. (Col. ii. 15.) Cumhachd àrd-uachdranach a leigheas uile euslaintean bhur n-anamanna. (Lucais v. 20—24. Salm ciii. 2, 3.) Agus lànachd gun tomhas do ghràs agus do mhaitheass araon g 'ur sàsuchadh agus g 'ur tearnadh, agus sin gus an fhior chuid a's faide. (Eabh. vii. 25.)

Is sona, is do-labhairt sona, iadsan uile aig am bheil còir annsan, agus a tha air an aonadh ris tre chreidimh agus tre ghràdh ! Tha iad air faotainn maitheanais agus air an deanamh réidh ri Dia, (Rom. v. 1,) tha iad air an deanamh 'n an cloinn ghràdhaich dhàsan ; (Eoin i. 12,) tha a Spiorad aca a' gabhail comhnuidh annta ; (Gal. iv. 6,) agus a' mealtuinn saorsa slighe d 'a ionnsuidh aig na h-uile àm. (Eabh. x. 19—23.) Is iad cùram sonruichte freasdail chaoimh agus chaoimhneil Dhé, (1 Phead. iii. 12 ; v. 7,) tha a ghealladh firinneach aca airson na h-uile maith feumail anns a' bheatha so : (Mhata vi. 30—33 ; agus vii. 11,) agus tha iad 'n an oighreachan air beatha mhaireannaich agus glòir anns an t-saoghal ri teachd ; (Eoin. iii. 14—16 ; Rom. viii. 17,) is leosan Dia an Slanuighear, ann an uile shaibhreas a mhaitheis, agus ann 'n a uile dhàimhean sònruichte. (2 Cor. vi. 16—18.) Tha còir aca air uile gheallannaibh beannuichte fhocail, (2 Phead. i. 4,) a dh' fhaodas iad gu h-iriosal agus gu cinnteach agairt uaithe-san tre chreidimh agus urnuigh, a reir am feuma. (Eoin xv. 7, agus xiv. 13—14.)

Is e so an tiodhlac mòr, an tiodhlac neo-chriochnach, a tha Dia an Slanuighear, á doimhne do-rannsachaidh a thròcair agus a ghràidh, a' deònachadh gu ro shaor do pheacaich bhochda, thruagha, agus chaillte de 'n chinne-dhaoine, eadhon e féin, agus uile ionmhasan a ghràis agus a mhaitheis. (Esa. lv. 1—7.)

Thugaibh fainear staid thruagh agus diteadh antromaichte nam peacach sin a tha 'cur an suarachas an Fhir-shaoraidh bheannuichte so, agus a shlàinte mhòr. Cia mar is urrainn iad dol as o dhìteadh siorruidh, a tha

'deanamh dimeas air an ulluchadh iongantach a rinn gliocas agus tròcair neo-chriochnach Dhé air son an tèarnaidh agus an sonais ann an Iosa Criosd, a tha ri tàir air aon-ghin Mic Dhé; a tha 'meas 'fhala agus 'iobairt luachmhoir 'n an nithe coitchionn, agus leis nach àill an Slanuighear mòr agus naomh so a bhi 'n a righ os an ceann, ach a tha a' roghnachadh ana-miann suarach, aigne thruaillidh, no buannachd, no sòlas talmhaidh, air thoiseach air-san? (Lucas xix. 14; xiv. 26—33; agus Eabh. x. 26—31.) Tha breitheanas cinnteach agus eagalach a' feitheamh air luchd-tarcuis Iosa Criosd, agus a shoisgeil. Eiridh Iudhaich agus Cinnich suas ann am breitheanas an aghaidh an leithide sin, air an latha mhòr, agus dìtidh siad iad. (Mata xii. 41—43; agus xxiii. 14—33.)

A Leughadair, ma tha thusa a' d' aon dhiubh so, ceadaich dhomh, o 'n mhothachadh a's ro dhrùightiche air do chunnart agus air do thruaighe mhòir, agus o spéis thairisneach do d' shlàinte agus do 'd shonas siorruidh, ni-éigin a chur fa d' chomhair do thruaighe do staide, chum 's gu 'n smuainich thu ort féin agus gu 'n téid thu as 'n a thràth.

Am feadh a tha thu as eugmhais Iosa Criosd, ann an staid eas-creidimh, tha thu fo chionta agus fo dhiteadh na h-uile peacaidh a chuir thu riamh an gniomh. Tha mallachdan uamhasach, agus cumhachd ditidh lagha naoimh Dhé a' seasamh 'n an uile neart a' t'aghaidh, air-son gach euceirt a chuir thu 'n gniomh ann an smuain, am focal, agus an gniomh. Tha ceartas Dhé, 'n a uile uamhas agus eagal, an crochadh thairis air do cheann ciontach, ullamh gu briseadh a mach ort; (Eoin iii. 18—36,) agus air dhuit bhi as eugmhais Chriosd, cha 'n 'eil aon réite agad r 'a thagradh, cha 'n 'eil aon neach agad a thèarnadh t'anama chaillte o ifrinn agus o dhiteadh. Tha mòran chasaidean a' t'aghaidh, o lagh Dhé air a bhriseadh, o do choguis fein, agus o'n diabhol a tha 'g ad bhuaireadh; ach air dhuit a bhi gun chòir shlàinteil agad ann am Mac Dhé, cha 'n 'eil aon fhear-tagraidh no eadar-ghuidhear agad maille ri Dia a thagradh air do shon, ach tha thu 'sior chàrnadh suas tuilleadh feirge fa chomhair latha na feirge, agus foillseachaidh ceart bhreitheanais

Dé; (Rom. ii. 1—5,) agus is e bhi cur an suarachas an Eadar-mheadhonair mhòir an ni sin a tha 'ceangal dìtidh t'uile pheacaidhean eile ort. Tha Slanuighear tròcaireach pheacach e féin a' cur an céill, "Ge b' e nach creid ditear e." (Marc. xvi. 16.) Cha 'n fhaic e beatha; bàsaichidh e 'n a pheacaidhean, agus tha fearg Dhé a' gabhail còmhnuidh air. (Eoin iii. 36; agus viii. 21.)

Biodh impidh air a cur air gach peacach, agus misneach air a toirt do gach aon diubh tighinn a dh' ionnsuidh an Tighearn agus an Fhir-shaoraidh ghràsmhoir so, air-son beatha agus slàinte. Tha e neo-chriochnach comasach agus toileach freasdal do d'uil' uireasbhuidh, d'uile pheacaidhean a mhaitheadh, d'uil' eucailean spioradail a leigheas, d' anamiannan a's làidire a cheannsachadh, do dheanamh réidh ri Dia, d' aiseag a dh' ionnsuidh 'iomhaigh ghràdhaich, agus do dheanamh ro shona agus ro bheannuichte gu siorruidh. Cha 'n 'eil lànachd cumhachd sàbhalaidh agus tròcair Chriosd gu bhi air a thomhas leis an tuigse a's mo. "Tha gràs ar Tighearna thar tomhas ro phailt." (1 Thim. i. 14.) "Tha e mar an ceudna comasach air an dream a thig a dh' ionnsuidh Dhé Trid-san a thèarnadh gus a chuid a's faide." (Eabh. vii. 25.)

Tha nèamh lan do mhiorbhuilean gràidh iongantaich agus tròcair neo-thoillteannaich Chriosd. An sin, tha cuid a bha aon uair comharraichte ann an gràinealachd agus ann an cionta, a nis air an lionadh le Spiorad Naomh Dhé, a' seinn àrd chliu Dhé agus an Uain, am measg naoimh agus aingil ri aoradh. 'Seadh, tha cuid do dhearbh mhortairean an Fhir-shaoraidh bheannuichte féin, a' faotainn beatha maireannaich agus sonais o 'n fhuil luachmhoir sin a chaidh a dhòrtadh le 'n lamhaibh ciontach féin. Ma tha cùram ort gu fios a bhi agad cia mar a thig thu gu còir fhaotainn anns an Fhear-shaoraidh mhòr so, agus 'n a shlàinte (agus nar leigeadh Dia gu 'm biodh anam neo-bhàsmhor air bith a tha 'chòmhnuidh 's an fheoil, caoin-shuarach mu'n ghnothuch chudthromach so,) tha freagradh agad do 'n cheist so o dhearbh fhocal Dé, ag ràdh, "Creid anns an Tighearn Iosa Criosd, agus tèarnar thu." (Gniomh. xvi. 31.) Cuir cùl ris na h-uile earbsa ann ad ghliocas, a' d' neart, agus a' d' mhaitheas

féin; ag earbsadh an còmhnuidh agus gu h-iomlan ris-san airson do shàbhalaidh. Thoir suas thu fein le t' uile chridhe d'a ughdarras agus d'a uachdranachd ghràsmhoir, 'g ad striochdadh féin do riaghladh a Spioraid, fhocail, agus a fhreasdail: iarr gu dichiollach a chaoimhneas agus a ghràdh mar do shonas àraidh, agus maithidh e do lochdan lionmhor, leighisidh e do nàdur peacach, agus beannaichidh e thu ann am pailteas a ghràis, agus a thròcair, leis gach maith feumail. (1 Cor. iii. 21, 23; Ephes. i. 3—6.)

Guidh gu dùrachdach air Dia an Spiorad Naomh, "tuigse a thoirt dhuit chum gu 'm b' aithne dhuit Esan a ta fior, eadhon a Mhac Iosa Criosd, neach a's e'n Dia fior, agus a' bheatha mhaireannach." (1 Eoin v. 20.) Agus mar an ceudna do chridhe aomadh gu gabhail ris-an mar shlàinte Dhé. Is iad eolas agus creidimh slàinteil tiodhlaean Dhé a mhàin. (Ephes. ii. 8.) Cha 'n urrainn aon neach eòlas a ghabhail *air*, no creidsinn gu ceart ann an Dia an Slanuighear, ach le solus agus cumhachd air am faotainn uaithe féin, (Eoin. vi. 44, 45; Mhata xi. 25, 26,) a tha air an comh-pàirteachadh riu ann an gnàthachadh cùramach agus dichiollach air meadhonan òrduichte Dhé, gu h-àraidh 'fhocal-san agus urnuigh; (Gnath. ii. 3—6, agus viii. 33, 34.)

A pheacaich creidibh focal Chriosd,
Earbaibh 'n a ainm-san 's bithibh beò;
'N a bheath, tha mile aoibhneas sgriobht',
'S 'n a laimh tha mile beannachd mòr.

Tha sinn làn fhiosrach gu bheil an teagasg a tha anns na duilleagaibh so calg-dhireach an aghaidh beachdan dhaoine a tha de inntinn thruaillidh, gun tuigse, a thaobh a' chreidimh. Am measg an dream so cha 'n 'e mhàin gu bheil r' am faotainn muinntir a tha tur aineolach, ach mar an ceudna daoine a tha a' deanamh aidmheil mhòr air diadhachd.

A' mhuinntir aineolach 's ann anns an t-seorsa oibre a tha iad a' deanamh (ris an abair iad deadh obair) a b' àill leo earbsadh air-son maitheanas peacaidh, sith ri Dia agus

fadheoidh dol a stigh do nèamh ; air chor a's an uair a tha creidimh ann an Iosa Criosd air a chumail a mach mar an aon stéidh-dhòchais gu ruigheachd air slàinte shiorruidh, tha so a' tilgeil na h-oibre acasan air cùl, leis am bheil iad a' gabhail oilbheum, agus a' cur rompa nach striochd iad do theagasg a tha cho fad an aghaidh an nàduir, agus, 'n am beachd-san, an aghaidh na h-uile firinn agus ceartais. Mar so 'n uair a bheirear air aghaidh teagasg na firinn a tha 'leigeadh ris nach bi feoil air bith air a fireanachadh 'n a fhianuis-san tre oibribh an lagha, their iad gu bheil sinn an aghaidh gach deadh obair, agus, ma tha sinne fior, nach ruig daoine leas suim a ghabhail do dhleasnas sam bith anns an rathad sin.

Their a' mhuinntir eile, nach 'eil againn ri sparradh air daoine ach *creid, creid ;* agus gu 'm bheil so an cunnart daoine mhealladh, do bhrigh gu bheil an fhirinn a' luaidh air *creidimh marbh,* le e bhi as eugmhais oibre. Tha so uile fior. Ach tha iomradh anns an fhirinn air *oibre marbha,* agus tha na h-uile obair marbh nach 'eil a' sruthadh o chreidimh, agus tha barrachd dhaoine air am mealladh leis an *obair mharbh* na tha le *creidimh* marbh. 'N uair a thuirt na h-Iudhaich ri Criosd, "Ciod a ni sinn, chum a's gun oibrich sinn oibre Dhe?" 'S e 'fhreagair e, "Is i so obair Dhé, gu 'n creid sibh anns an ti a chuir e uaithe." (Eoin. vi. 28, 29.) A rìs, an uair a thuirt fearcoimhead a' phriosain, "A mhaighstirean, ciod is coir dhomh dheanamh chum gu 'n tèarnar mi?" 'S e thuirt Pol agus Silas ris "Creid anns an Tighearna Iosa Criosd, agus tèarnar thu fein, agus do thigh." (Gniomh. xvi. 30, 31.)

A nis, a' mhuinntir a tha 'n aghaidh a bhi sparradh air daoine creidsinn, tha iad an aghaidh an ni a theagaisg Criosd agus 'abstoil. Ach 's e iad a bhi dh' easbhuidh tuigse ciod e creidimh a's coireach. B' aill leo-san a smuaineachadh gu 'm bheil daoine gu saoithreachadh gu bhi air an ath-ghineamhuinn an toiseach, agus stri a dheanamh gu ruigheachd air creidimh. Ach an creidimh a ta o Dhia tha ath-ghineamhuinn, fireanachadh, agus naomhachadh a' sruthadh uaithe. Uime sin, biodh an creidimh so aig daoinibh, 's cha chùram nach lean deadh

oibre. Oir is e'n creidimh an siol, agus far am bheil e air a chur anns an anam leis an Spiorad Naomh, tha e 'ghnàth a' toirt a mach toraidh na naomhachd.

Gràs slàinteil Dhé agus, a' Mhic Iosa Criosd, agus co-chomunn an Spioraid Naoimh, biodh le 'shluagh fèin. *Amen.*

LONDON: THE RELIGIOUS TRACT SOCIETY,
56 PATERNOSTER ROW, 65 ST. PAUL'S CHURCHYARD, 164 PICCADILLY.
MANCHESTER: CORPORATION STREET. BRIGHTON: WESTERN ROAD.
[*Price 3s. per* 100]